

Cuairt Litir Comann nam Pàrant Comann nam Pàrant Newsletter



Comann nam Pàrant

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
Gaelic Medium Education in Scotland

Cuspairean / Subjects

Dùbhlachd 2025
December 2025

Clasaichean an asgaidh do Phàrant / Free Online Gaelic Classes

Foghlam Gàidhlig an na Crìochan / Gaelic Education in the Borders

Seisean Fiosrachaidh mu FMG / Information Session about GME

Buidhnean Ionadail Comann nam Pàrant / Local Comann nam Pàrant Groups

Na Tràth-Bhliadhnaichean / The Early Years

Leabhar 'Gàidhlig A-Staigh' / The 'Gàidhlig A-Staigh' Phrasebook

Leabhar Ùr do Chloinn - An Stàball / New Gaelic Children's Book - An Stàball

Làrach-lìn Ùr aig Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba / His Majesty's
Inspectorate of Education in Scotland New Website

Bile Cànan na h-Albannach - Gnìomhachadh / Scottish Languages Bill - Commencements

Film G

Seachdain na Gàidhlig / World Gaelic Week



www.parant.org.uk



www.neadan.scot



Comann nam Pàrant

5 Caolshraid Mhìcheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ, Seòladh Puist-d: innes@cnag.org
5 Mitchell's Lane, Inverness, IV2 3HQ, Email address: innes@cnag.org

www.parant.org.uk
www.neadan.scot



FREE, ONLINE GAELIC CLASSES WITH COMANN NAM PÀRANT NÀISEANTA!

Bidh bloc ùr de chlasaichean (a' leantainn a' chùrsa aig Speak Gaelic) ga thabhann sa bhliadhn' ùir dha pàrantan 's seana-phàrantan aig a bheil clann/oghaichean ann am buidhinn pàrant 's pàist' Ghàidhlig, san sgoil-àraich no aig ceann shìos na bun-sgoile.

'S iad seo na làithean/uairean nuair a bhios clasaichean a' ruith:

Dimàirt 10-11m
Diardaoin 10-11m & 2-3f

Cumaibh sùil air na meadhanan sòilsealta againn airson am fios as ùire neo cuir fios dha lewis@cnag.org.

A new bloc of beginners' classes (following the Speak Gaelic course) will be offered to parents and grandparents with children/grandchildren who attend a Gaelic parent & toddler group, are in sgoil-àraich or at the lower end of bun-sgoil.

These are when the classes will be running:

Tuesdays 10-11am
Thursdays 10-11am & 2-3pm

Keep an eye on our social media for the latest information about the classes or contact lewis@cnag.org



[Instagram Comann nam Pàrant](#)



[Facebook Comann nam Pàrant](#)



[Comann nam Pàrant Website](#)
[Neadan Wesbite](#)

Foghlam Gàidhlig as na Crìochan

Gaelic Education in the Borders

Chaidh fios a chur gu Comann nam Pàrant bho chionn dà bhliadhna le Mòrag, pàrant a tha a' fuireach ann an sgìre nan Crìochan le pàiste òg a tha i an dòchas a thèid tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Dh'obraich ar manaidsèar tràth-bhliadhnaichean, Kirsteen, le pàrantan an uair sin gus buidheann tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig a stèidheachadh sna Pùballan agus tha i fhathast ga stiùireadh gach seachdain.

Chan fhada gus an robh sluagh mòr ann le pàrantan eile a' cur beachd làidir an cèill gu bheil ùidh aca ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG). Le taic bho Chomann nam Pàrant, chuir Mòrag, mar phrìomh phàrant, iarrtas foirmeil a-steach airson Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig gu Comhairle Chrìochan na h-Alba as t-samhradh. B' e iarrtas làidir a bha seo le còrr is 30 leanabh air an liostadh air.

An uair sin, rinn a' chomhairle Ciad Mheasadh agus measadh iomalan a rèir an Stiùiridh Reachdail làithrich a dhearbhadh gu bheil iarrtas ann airson FtG aig ìre na bun-sgoile anns na Crìochan. Tha planaichean a-nis a' dol air adhart gus solar tro Mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh airson toiseach bliadhna sgoile 2026/27. Tha a' chomhairle air Srath Thuaidh a shuidheachadh mar sgìre-sgoile ach chan eil iad air ainmeachadh fhathast dè an sgoil anns am bi an solar Gàidhlig suidhichte.

Cha bhiodh buil cho math air a bhith ann airson na Gàidhlig anns na Crìochan mur a b' e an obair agus dealas mhòr a fhuair sinn bho Mhòrag agus Kirsteen.

Tha sinn a' dèanamh fiughair ri bhith a' leantainn oirnn le taic do phàrantan agus ri bhith ag obair còmhla ris an ùghdarras ionadail agus sinn a' gluasad a dh'ionnsaigh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a thòiseachadh san Lùnastal 2026.

Comann nam Pàrant were contacted a couple of years ago by a Gaelic speaker, Morag, a parent living in the Borders area with a young baby who she hoped would go through Gaelic medium education. Our early years manager Kirsteen then worked with parents to establish a Gaelic early years group in Peebles which she continues to lead on a weekly basis.

The group quickly became well attended and other parents soon voiced a strong interest in Gaelic Medium Education (GME). With support from Comann nam Pàrant, Morag as lead parent submitted a formal request for Gaelic Medium Primary Education (GMPE) to Scottish Borders Council this summer. This was a strong request with over 30 children listed on it.

The council then carried out an Initial and Full Assessment in line with current Statutory Guidance which confirmed that there is a demand for GMPE in the Scottish Borders. Plans are now in progress to establish Gaelic Medium provision for the start of the 2026/27 school year. The council have set the catchment area as Tweeddale but haven't as yet identified in which school provision will be located.

Such a positive outcome for Gaelic in the Borders would not have been possible without the tremendous input and commitment from both Morag and Kirsteen.

We look forward to continuing to support parents and to working alongside the local authority as we move towards the introduction of Gaelic Medium Education in August 2026.



Seisean Fiosrachaidh mu FMG

Information Session about GME

Chùm Comann nam Pàrant agus Bòrd na Gàidhlig seisean fiosrachaidh air-loidhne mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bha an seisean seo ag amas air pàrantan a tha a' beachdachadh air FtG airson an cuid cloinne. Le bhith a' cumail an t-seisein seo air-loidhne, faodaidh e pàrantan a ruigsinn air feadh na dùthcha agus leigidh e le pàrantan pàirt a ghabhail anns na dachaighean aca gus barrachd ionnsachadh mu FtG gus co-dhùnadh fiosraichte a dhèanamh an e seo an roghainn cheart airson an cuid cloinne.

Chaidh an tachartas a chumail air 4 Dùbhlachd le triùir chleachdaichean a' toirt seachad òraidean agus le riochdairean bho Bhòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant. Thug Kirsteen Mhoireach, manaidsear nan Tràth-bhliadhnaichean aig Comann nam Pàrant, òraid seachad air cothroman sna tràth-bhliadhnaichean, gu sònraichte buidhnean pàrant is pàiste agus Thig a Chluich. Thug Kerrie Cheanadach, tidsear bun-sgoile stèidhichte san Òban, sealladh farsaing seachad air mar a tha FtG ag obair, mar a tha na diofar raointean curraicealaim ag obair ann an suidheachadh FtG a bharrachd air mar as urrainn pàrantan taic a thoirt do an cuid chloinne co-dhiù tha Gàidhlig aca gus nach eil. Thug Jamie Vaughn-Sharp, ceannard Àrd-sgoil Greenfaulds, sealladh farsaing seachad air cò ris a tha FtG coltach san àrd-sgoil aca. Bhruidhinn e air mar a leanar an turas airson sgoilearan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig nuair a ruigeas iad ìre na h-àrd-sgoile a bharrachd air na cothroman a th' ann do gus dèanamh cinnteach gu bheil an comas cànan a' sìor leasachadh. Às dèidh gach neach-labhairt, bha cothrom aig na pàrantan a bha an làthair ceistean a chur air an luchd-cleachdaidh, a thug seachad cothrom airson barrachd còmhraidh agus fiosrachaidh dhaibhsan a bha a' beachdachadh air FtG.

Mòran taing do na cleachdaichean airson an ùine a thug iad seachad gus na taisbeanaidhean seo a thoirt seachad agus cuideachd do na pàrantan uile a bha an làthair, tha sinn an dòchas gun robh an seisean feumail dhuibh. Ma tha pàrant sam bith ag iarraidh fiosrachadh a bharrachd mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, na bithibh leis fios a chur thugainn.

Comann nam Pàrant and Bòrd na Gàidhlig held an online Gaelic Medium Information session. This session was aimed at parents who are considering GME for their child(ren). By having this session online it is able to reach parents located throughout the country and allows parents to join in from their homes to learn more about GME in order to make an informed decision as to whether it is the right choice for their child.

The event held on 4th December, had three practitioners presenting and representatives from Bòrd na Gàidhlig and Comann nam Pàrant. Kirsteen Murray, Early Years Managers at Comann nam Pàrant, presented on the opportunities in early years in particular Pàrant is Pàiste groups and Thig a Chluich groups. Kerrie Kennedy, primary teacher based in Oban, presented a detailed overview of how GME works, how the different curricular areas work in a GME setting as well as how you can support your child at home whether you have the language or not. Jamie Vaughn-Sharp, headteacher at Greenfaulds High School, gave an overview how GME looks in their secondary school. He discussed how the journey is continued and enhanced for Gaelic Medium pupils when they reach secondary level as well as the opportunities that are available to them which are an important part of GME to ensure they have various opportunities to improve their language skills. After each speaker, the parents in attendance had the opportunity to ask questions to the practitioners which allowed further conversation and information for those considering GME.

Many thanks to the practitioner for their time to present these presentations and also to all parents who attended, we hope that it was an informative session for you. If any parent would like further information about Gaelic Medium Education, please don't hesitate to get in touch with us.

Buidhnean Ionadail Comann nam Pàrant

Local Comann nam Pàrant Groups

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do bhuidhnean Comann nam Pàrant air feadh na dùthcha. Anns na beagan mhìosan a dh'fhalbh, bha sinn air leth toilichte pàrantan ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, Ulapul agus an Gearasdan a chuideachadh gus na buidhnean Comann nam Pàrant ionadail aca a stèidheachadh no ath-stèidheachadh.

'S e dòigh air leth a th' ann am buidheann Comann nam Pàrant ionadail gus teaghlaichean FtG a thoirt còmhla, lìonraidhean phàrantan a neartachadh, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil guth FtG air a chluinntinn anns na sgoiltean. Tha na buidhnean seo air an ruith le saor-thoilich a tha nam pàrantan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a bhios a' riochdachadh, a' brosnachadh agus a' comharrachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho na tràth-bhliadhnaichean gu ìre na h-àrd-sgoile.

Le bhith a' tighinn còmhla mar choimhearsnachd, is urrainn teaghlaichean barrachd chothroman a chruthachadh do chloinn gus an cuid Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile agus gnìomhachdan co-roinnte a chur air dòigh ann an àrainneachd thaiceil. Is urrainn buidhnean ionadail cur a-steach airson maoineachadh cuideachd a chuidicheas le bhith a' cur ri buannachdan foghlam Mheadhan na Gàidhlig dhan a h-uile duine a tha an sàs ann.

Ma tha taic a dhìth air a' bhuidhinn agaibh — no ma tha sibh a' beachdachadh air buidheann a thòiseachadh no ath-stèidheachadh san sgìre agaibh — cuiribh fios chun an Oifigeir Leasachaidh, Innes, aig innes@cnag.org.

We continue to support local Comann nam Pàrant groups right across the country. Over the past few months, we've been delighted to help parents in East Renfrewshire, Ullapool and Fort William set up and reestablish their local Comann nam Pàrant groups.

A local Comann nam Pàrant is a fantastic way to bring GME families together, strengthen parent networks, and make sure the GME voice is heard within schools. These groups are run by volunteer GME parents who represent, promote and celebrate Gaelic Medium Education from early years through to secondary school.

By coming together as a community, families can create more opportunities for children to use their Gaelic outside the classroom and enjoy shared activities in a supportive environment. Local groups can also apply for funding that helps enhance the Gaelic Medium experience for everyone involved.

If your group would like support — or if you're interested in starting or reestablishing a group in your area — please get in touch with the Development Officer, Innes, at innes@cnag.org.



Na Tràth-Bhliadhnaichean

The Early Years

Na h-Eileanan Siar

Tha Thig a Chluich a' leantainn gach seachainn ann an Steòrnabhagh; gach co-latha deug anns an Rubha, Siabost, sna Hearadh agus ann an Tolastadh agus gach mìos ann am Borgh. Bidh sluagh mòr an làthair aig na seiseanan, le suas ri 20 leanabhan an làthair gu cunbhalach ann am mòran de na sgìrean.

Cùrsa Trèanaidh

Thug Kirsteen an trèanadh againn airson Seisean Òran is Sgeulachdan seachad ann an Inbhir Nis sa Chèitean. Tha barrachd sheiseanan san amharc ann an Glaschu agus Dùn Èideann aig deireadh an Fhaoillich.

Curraicealam

Am-bliadhna, tha Kirsteen a' cleachdadh an Leabhair Abairtean ùir mar bhunait airson curraicealam nan tràth-bhliadhnaichean. Bidh taghadh de dh'abairtean bhon leabhar-abairtean anns na duilleagan fiosrachaidh a bheirear a-mach gach seachdain. Faodar an curraicealam a luchdachadh a-nuas air Neadan.scot

Ceann a Deas na h-Alba

Tha Kirsteen fhathast a' toirt taic do na buidhnean air feadh a' chinn a deas, agus bidh i an làthair aig buidhnean Shruighlea agus nam Pùballan gach seachdain mar stiùiriche-cluiche.

Bookbug

Bidh an sgioba againn a' lìbhrigeadh sheiseanan Bookbug gach mìos ann an Steòrnabhagh, san Eaglais Bhric, ann an Leabharlann Chloinne Dhùn Èideann agus san Leabharlann Nàiseanta an Dùn Èideann.

HebCelt

Chùm sinn ceithir seiseanan òrain is sgeulachdan do theaghlaichean tràth-bhliadhnaichean aig HebCelt ann an Steòrnabhagh as t-samhradh.

Western Isles

Thig a chluich continues weekly in Stornoway; fortnightly in Point, Shawbost, Harris and Tolsta; and monthly in Borge. Sessions are really well attended, with up to 20 children regularly attending in many of the areas.

Training Course

Kirsteen delivered our Song and Story Session training in Inverness in May. More sessions are planned in Glasgow and Edinburgh at the end of January.

Curriculum

This school year Kirsteen is using the new Phrasebook as a basis for the early years curriculum. The weekly handouts contain a selection of phrases from the phrasebook. Curriculum is available to download on Neadan.scot

South of Scotland

Kirsteen continues to support the groups across the south, and attends both Stirling and Peebles groups weekly as playleader.

Bookbug

Our team deliver monthly Bookbug sessions in Stornoway, Falkirk, Edinburgh Children's Library and Edinburgh National Library.

HebCelt

We led four song and story sessions for early years families at HebCelt in Stornoway this summer.



THIG A CHLUICH

Leabhar 'Gàidhlig A-Staigh'


The 'Gàidhlig A-Staigh' Phrasebook

Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a thàinig a bhruidhinn rinn aig a' Mhòd, bha e thlachd mòr a bhith am measg uiread de Ghàidheil, òg agus sean. Bu mhath taing a thoirt dhaibhsan cuideachd a cheannaich leth-bhreac dhen leabhar-abairtean againn. Ma chaill sibh an cothrom an leth-bhreac agaib' fhèin dhen leabhar a cheannach, faodaidh sibh fios a chur thugainn air a' phost-d lewis@cnag.org airson a cheannach air-loidhne air neo ma tha sibh a' fuireach ann an sgìre Inbhir Nis, bidh cothrom ann a cheannach bhon oifis againn air Caol-shràid Mhìcheil 2-5f gach Diardaoin 's Dihaoine. . 'S e £3.00 a' phrìs a th' air, agus 's urrainn dhuibh pàigheadh le cairt no airgead.

Beagan fiosrachaidh mun leabhar fhèin:

Tha 'Gàidhlig a-staigh' na leabhar-abairtean a tha air a dhealbhadh gus teaghlachan a chuideachadh le bhith a' fighe a-steach na Gàidhlig do bheatha làitheil na dachaigh aca.. Tha e a' toirt seachad abairtean, briathrachas agus mìneachaidhean gràmair feumail gus taic a thoirt do phàrantan agus luchd-cùraim a tha airson 's gum bi a' Ghàidhlig na prìomh chànan no na cànan cudromach san dachaigh aca, ge b' e cho fileanta 's a tha iad aig an àm seo.

Tha an leabhar-abairtean air a dhèanamh suas de dhiofar earrannan a' coimhead air diofar shuidheachaidhean na dachaigh leithid a bhith ag ullachadh a' bhùird airson na dinneir no ag ullachadh airson na leapa. Tha e a' gabhail a-steach taic le fuaimneachadh tro chòdan QR ri faidhlichean claisneachd agus goireasan eile an seo air Neadan a ghabhas clò-bhualadh.



We would like to thank everyone who came to speak to us at Mòd Loch Abar this year, it was real pleasure to be amongst so many Gaels, both young and old. We would also like to thank those of you who bought a copy of our phrasebook. If you missed your chance to buy your own copy of the book at the Mòd, send an email to lewis@cnag.org to arrange buying it online, alternatively if you live in the Inverness area, there will an opportunity to buy it from our office on Mitchell's Lane 2-5pm every Thursday & Friday. The book is £3.00 and you can pay with either cash or card.


A little about the book itself:

Gàidhlig a-staigh' is a phrasebook designed to help families integrate Scottish Gaelic into their daily home life. It provides useful expressions, vocabulary, and grammatical explanations to support parents and caregivers who want to make Gaelic a primary or significant language in their household, regardless of their current fluency level.

The phrasebook is organised into different sections covering different domestic scenarios such as getting the table ready for dinner or getting ready for bed. It also includes pronunciation support via hyperlinks to audio files and additional printable resources here on Neadan.

Leabhar Ùr do Chloinn - An Stàball

New Gaelic Children's Book - An Stàball



Tha ar co-obraiche Anne Ramsey, air am bi mòran agaibh eòlach bho sheiseanan Thig a Chluich anns na h-Eileanan Siar, air leabhar Gàidhlig ùr do chloinn fhoillseachadh. 'S e An Stàball a' chiad leabhar bòrd air a sgrìobhadh bho thùs sa Ghàidhlig a-riamh, a chaidh a sgrìobhadh le Anne Ramsey agus le dealbhan bho Kate Philips. Chleachd Anna a bliadhnaichean de dh'èòlas air obair ann an tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig gus an leabhar a sgrìobhadh, leabhar togail-flapa a tha ag amas air clann 0-3 le abairtean Gàidhlig sìmplidh, ath-aithriseach tron leabhar air fad. Tha an leabhar ri cheannach tro Chomhairle nan Leabhraichean. 'S math a rinn sibh Anne!

[Leabhar An Stàball - Ceannach an seo](#)

Our colleague Anne Ramsey, who many of you will know from Thig a Chluich sessions in the Western Isles, has published a new Gaelic Children's book. An Stàball, is the first ever original Gaelic board book, written by Anne Ramsey and illustrated by Kate Philips. Anne used her many years' experience working in Gaelic Early Years to write the book, a lift the flap book aimed at 0-3s with simple, repetitive Gaelic phrases throughout. The book is available to buy through the Gaelic Books Council. Well done Anne!

[Children's Book, An Stàball - Buy here](#)

Làrach-lìn Ùr aig Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba

His Majesty's Inspectorate of Education in Scotland New Website

Tha làrach-lìn ùr a-nis beò aig Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba. Aig toiseach na Samhna, thòisich pròiseas foirmeil airson stèidheachadh Luchd-Sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam. Tadhaillibh air an [làrach-lìn](#) airson faighinn barrachd a-mach mu dheidhinn seo. Cuideachd an lùib an làrach-lìn, gheibhear na h-aithisgean sgrùdaidh air fad a bharrachd air aithisgean is comhairle air Foghlam Gàidhlig.

His Majesty's Inspectorate of Education in Scotland new website is now live. At the start of November, the process to formally establish His Majesty's Inspectorate of Education (HMIE) began. [Visit the website](#) to learn more. Also, within the website, you will find all the inspection reports as well as reports and advice on Gaelic Education.

Bile Cànan na h-Albannach - Gnìomhachadh

Scottish Languages Bill - Commencements

Air Latha Fhèill Anndrais, chaidh a' chiad earrannan de dh'Achd nan Cànan Albannach a chur an gnìomh, ag aithneachadh na Gàidhlig agus na Scots mar chànanan oifigeil ann an Alba. A bharrachd air inbhe oifigeil a bhith aig a' Ghàidhlig, tha gnìomhachaidhean eile a' gabhail a-steach,

- Cumhachd do Mhinistearan na h-Alba a bhith a' coimiseanadh rannsachadh agus a bhith a' toirt seachad taic ionmhais gus cleachdadh na Gàidhlig is na Scots a bhrosnachadh, a chur an comas agus gus taic a chumail ri seo,
- Dleastanas air Ministearan na h-Alba gus foghlam Gàidhlig adhartachadh agus bun-inbhean a shuidheachadh airson sin,
- Riatanas air Ministearan na h-Alba gus taic a thoirt do leasachadh Sabhal Mòr Ostaig mar ionad nàiseanta airson cànan, foghlam agus cultar na Gàidhlig, agus gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air an inbhe làithrich aige agus gus na co-dhùnidhean fhoillseachadh,
- Cumhachdan aig Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do bhuidhnean prìobhaideach air a bhith a' brosnachadh agus a' cumail taic ri ionnsachadh na Scots, a' gabhail a-steach a dualchainntean.

Airson liosta slàn de chur an gnìomh eileamaidean na h-Achd, briog an seo -

https://www.legislation.gov.uk/ssi/2025/348/pdfs/ssi_20250348_en.pdf

Thig ullachaidhean eile taobh a-staigh Achd nan Cànan Albannach a chur an gnìomh nan lagh tro phrògram buileachaidh planaichte san àm ri teachd.

On St Andrews Day, the first sections the Scottish Languages Act came into force, recognising Gaelic and Scots as an official language of Scotland. As well as Gaelic gaining official status, additional commencements include,

- Powers for Scottish Ministers to commission research and provide financial assistance to promote, facilitate, and support the use of Gaelic and Scots,
- Duty on Scottish Ministers to promote and set standards for Gaelic education,
- Requirement on Scottish Ministers to support the development of Sabhal Mòr Ostaig as the national centre for Gaelic language, education, and culture, and to review its current status and publish findings,
- Powers for Scottish Ministers to issue guidance to relevant public authorities on promoting and supporting the use of Scots, including its dialects,

For a full list of the commencements, click here -

https://www.legislation.gov.uk/ssi/2025/348/pdfs/ssi_20250348_en.pdf

Other provisions within the Scottish Languages Act will become law through a planned programme of implementation in the future.



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

FilmG

Tha farpais nàiseanta nam filmichean goirid, FilmG, a-nis fosgailte do thagraidhean. An àite ceann-latha san Dùbhlachd mar a bh' ann sna bliadhnaichean roimhe, chaidh an ceann-latha gus filmichean a chur a-steach a ghluasad gu deireadh a' Ghearrain. Tha a' cho-fharpais seo fosgailte dhan a h-uile duine aig a bheil Gàidhlig, le diofar roinnean a fhreagras air diofar aoisean. Airson a' chiad uair, bidh earrann ann airson clann fo aois 12, a bheir cothrom gus na rionnagan as òige a tha ag èirigh ann an saoghal na Gàidhlig a chur am follais. Mar a thachair an-uiridh, chan eil cuspair sònraichte sam bith ann airson nam filmichean, a' toirt saorsa do bhuidhnean agus do dhaoine fa leth a thaobh cruthachalachd agus sùbailteachd gus an dèan iad am film a tha iad ag iarraidh dèanamh.

Bidh mòran sgoiltean, bhuidhnean coimhearsnachd agus daoine fa leth a' gabhail pàirt anns a' cho-fharpais bhliadhnail seo, agus 's e deagh chothrom a th' ann do sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig an cuid Gàidhlig a chleachdadh agus eòlas fhaighinn air a bhith an sàs ann am filmeadaireachd. Ma tha neach no buidheann sam bith ag iarraidh taic a bharrachd, bu chòir dhaibh fios a chur gu sgioba FilmG air filmg@astarmedia.scot

The national short film competition, FlimG, is opened for submissions. Instead of the films being due in December as in previous years, those submitting films have until the end of February. This competition is opened to all Gaelic speakers with different categories to suit different ages. For the first time, there will be an under 12 category which will shine a spotlight on the youngest rising stars in Gaelic. As with last year, there is no theme to the films giving individuals and groups who are creating the film the creativity and flexibility to produce the film that they want.

Many schools, community groups and individuals participate in the annual competition, and it is a great opportunity for Gaelic Medium Pupils to use their Gaelic and get experience participating in producing a film. Any individual or group looking for further support, contact the team at FilmG on filmg@astarmedia.scot



SEACHDAIN NA GÀIDHLIG
WORLD GAELIC WEEK

Seachdain na Gàidhlig World Gaelic Week

Bidh Seachdain na Gàidhlig a' gabhail àite a-rithist an ath-bhlidhna airson an còigeimh bliadhna. Bidh an t-seachdain a' ruith bho 25 Gearran gu 1 Màirt 2026 agus 's e Cleachd I no Caill I cuspaire na bliadhna. Bidh gu leòr thachartasan do chloinn, teaghlaichean, luchd-filèantach agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' gabhail àite tron dùthaich. Cumaibh sùil a-mach air na meadhanan sòisealta agus an [làrach-lìn](#) airson liosta slàn de na tachartasan a bhios a' gabhail àite tron t-seachdain.

World Gaelic Week will be taking place again next year for the 5th year. The week will run from 25 February to 1 March, and this year's theme is 'Use it or Loose it'. There will be a wide variety of events for children, families and Gaelic speakers and learners taking place throughout the country. Keep an eye on social media and the [website](#) for a full list of the events that will be taking place throughout the week.



Comann nam Pàrant

5 Caolshraid Mhicheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ, Seòladh Puist-d: innes@cnag.org
5 Mitchell's Lane, Inverness, IV2 3HQ, Email address: innes@cnag.org

www.parant.org.uk
www.neadan.scot

